



## Tìotal: Caraidean agus Dàimhean

### Pàirt 3: Caraidean air-loidhne/far-loidhne

Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha mi a’ faighinn agus a’ cleachdadh sgilean airson dèiligeadh ri dàimhean a tha ag atharrachadh, agus tha mi a’ tuigsinn mun bhuaidh mhath a dh’fhaodas a bhith air seo air mo shunnd fhaireachail. HWB 2-45a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis agus dàimh.</li> <li>• Ag aithneachadh nan sgilean a dh’fheumar airson dàimhean a tha ag atharrachadh a làimhseachadh, me fulangas, mothachas/ dìlseachd, coibhneas, seasmhachd agus spèis.</li> <li>• A’ mìneachadh buaidh dhàimhean air sunnd faireachail.</li> </ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann gu bheil diofar sheòrsaichean dhàimhean ann
- Gun aithnich clann gun gabh dàimhean a thogail agus a chumail suas ann an suidheachaidhean sòisealta mun timcheall agus air-loidhne.
- Gum bi fios aig clann gu bheil dàimhean deimhinneach rin co-aisean math a thaobh slàinte is sunnd dhaibhsan agus do dhaoin’ eile.
- Gun toir clann seachad eisimpleirean de sgilean agus giùlan a neartaicheas dàimhean agus ceanglaichean len co-aisean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha mi ag iarraidh bho dhàimhean agus mun t-seòrsa caraid a th’ annam fhìn.
- ‘S urrainn dhomh bruidhinn air buannachdan agus dùbhlain a dh’fhaodas a bhith an lùib dhàimhean.
- ‘S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt de rudan a dh’fhaodas mi a dhèanamh airson dàimhean a thogail agus a neartachadh.
- Tha mi a’ tuigsinn nach fheum mi a bhith nam dhlùth charaid dhan h-uile neach, ach faodaidh mi a bhith càirdeil agus coibhneil.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- ‘Tha mi feumach air do chomhairle!’ Cairtean Gnìomh/suidheachaidhean
- Làrach CEOP gus rannsachadh a dhèanamh air raon de chùisean air-loidhne agus a bhith ag obair còmhla ri daoine eile: [https://www.thinkuknow.co.uk/8\\_10/stay-safe/](https://www.thinkuknow.co.uk/8_10/stay-safe/)

**NÒT:** Bidh e coltach gum bi mòran dhen chloinn sa chlas/bhuidheann agaibh a' conaltradh ri daoine eile air-loidhne. Bidh feadhainn aca nan caraidean bhon sgoil, bhon choimhearsnachd no bhon teaghlach aca – agus 's dòcha gum bi feadhainn aca nach aithne dhan chloinn ach air-loidhne. Faodaidh e bhith gu bheil a' chlann a' faicinn nan ceanglaichean air-loidhne seo mar dhàimhean càirdeis. Tha an leasan seo a' coimhead air na mar a chumas sinn na ceanglaichean seo sàbhailte. Tha stuthan ionnsachaidh eile air RSHP a' coimhead air dol-a-mach chloinne air-loidhne agus air mar a bhios sinn a' cleachdadh mheadhanan sòisealta. Tha teachdaireachdan mu shàbhailteachd am measg seo cuideachd.

## Obair

1. Tòisich le bhith a' cuimhneachadh dhan chloinn gu bheil an t-sreath leasan seo mu dhàimhean. Seall a' chiad shlaighd agus theirig thairis air an teacs còmhla ris a' chloinn. Faighnich dhan chloinn cò air tha cuimhne aca mu na tha sibh air a bhith a' dèanamh thuige seo.

**Dè th' ann an caraid?** 'S e neach a th' ann an caraid a tha gu math eòlach ort agus a tha a' còrdadh riut. 'S e neach a th' ann an caraid anns an urrainn dhut earbsa a chur agus a bhios math dhut. Faodaidh tu a bhith càirdeil ri mòran dhaoine, ach tha caraid na neach sònraichte dhutsa.

2. Seall na ceistean seo air a' bhòrd-gheal, leughaidh iad agus dèanaibh còmhradh:

**Am feum thu caraid fhaicinn nad bheatha làitheil?**

**An urrainn do neach air-loidhne ris nach do thachair thu riamh a bhith nan caraid?**

3. **Dè bhios sinn a' dèanamh air-loidhne?** Faighnich dhan chloinn dè na rudan a bhios iad a' dèanamh air-loidhne, comharraich far am bi iad a' conaltradh ri daoine eile agus thoir stiùireadh dhaibh gu tuigsinn gu bheil diofar eadar na daoine as aithne dhaibh far-loidhne agus feadhainn nach aithne dhaibh ach air-loidhne. Bi faiceallach nach eilear a' toirt teachdaireachd ro shìmplidh dhaibh gur e caraidean far-loidhne as fheàrr, no gur e srainnsearan a th' ann an caraidean air-loidhne no gu bheil iad nan cunnart.
4. **Ciamar a thachras agus a bhruidhneas sinn ri caraidean air-loidhne?** Seall an slaighd seo, agus daingnich gur e seo feadhainn de na rudan a bhios sinn a' cleachdadh nuair a tha caraidean againn air-loidhne. Cuir ris an liosta a rèir a' chòmhradh agaibh:

**'S urrainn do dhàimhean air-loidhne a bhith againn far am bi sinn a':**

- Bruidhinn air-loidhne
- Cleachdadh apps
- Cruthachadh agus a' roinn rudan
- Cleachdadh Instant Messenger (IM)
- Ann an *chatrooms* agus fòraman air-loidhne
- Cluich gheamannan

5. **Air-loidhne agus sàbhailte**

Tha an ath eacarsaich, a tha air a cur an cèill le taic bho làrach CEOP, a' dèanamh sgrùdadh air grunn chùisean air-loidhne a bharrachd air conaltradh ri daoine eile:

[https://www.thinkuknow.co.uk/8\\_10/stay-safe/](https://www.thinkuknow.co.uk/8_10/stay-safe/) Thoir sùil air an duilleig agus faighnich dhan chloinn cò an earrann air a bheil iad ag iarraidh coimhead an toiseach?

- Tha PLAY mu bhith a' cluich gheamannan air-loidhne
- Tha LIKE mu bhith coibhneil, agus mu na nì thu ma tha cuideigin mì-choibhneil
- Tha SHARE mu bhith a' co-roinn agus mar a nì thu seo gu sàbhailte
- Tha CHAT mu bhith a' bruidhinn ri daoine air-loidhne
- Tha LOCK mu phrìobhaideachd agus faclan-faire
- Tha EXPLORE mu na chì thu air-loidhne agus mu na nì thu ma tha sin a' cur iomagain ort.

Leugh an earrann a thagh a' chlann, theirig thairis air na th' ann agus dèan còmhradh mu thimcheall. Tagh earrann eile, a-rithist leugh agus theirig thairis air am fhiosrachadh mu bhith sàbhailte agus dèan measasdh air tuigse, comharraich far an ainmich a' chlann deagh ghiùlan a thaobh cumail sàbhailte.

6. An dèidh dhuibh meòrachadh air mar a bhios iad a' conaltradh ri daoine eile air-loidhne, cuir na ceistean a-rithist agus tòisich còmhradh: Mar sin, smaoinichidh sinn air an seo a-rithist:

**Am feum thu caraid fhaicinn nad bheatha làitheil?**

**An urrainn do charaid a bhith nan neach nach aithne dhut ach air-loidhne?**

7. Cuir seachad ùine a' dol thairis air na tha a' chlann air a bhith a' bruidhinn air agus ag ionnsachadh thairis air na seiseanan. Cuir nan cuimhne gur ann mu charaidean agus dàimh, agus gu bheil an leasan mu dheireadh mu dhàimhean ge bith càit an tachair iad – san sgoil, aig club no air-loidhne.

8. **Tha mi feumach air comhairle! (Obair):** Mìnich gu bheil suidheachaidhean agad a-nis agus gu bheil thu airson gun smaoinich a' chlann mun deidhinn. Cuir na suidheachaidhean air cairtean (faic am prop) no cleachd na slaighdean agus thoir air a' chloinn bruidhinn ri caraid rin taobh mun aon suidheachadh. An ceann greis, iarr air a' chloinn na molaidhean aca airson taic a thoirt dhan phàiste anns gach suidheachadh.

- Tha mì dìreach air tòiseachadh ann an sgoil ùr 's chan aithne dhomh duine ach co-ogha nas sine a tha sa chlas os mo chionn. Tha mi caran diùid 's chan eil mi ga fhaighinn furasta caraidean ùra a dhèanamh. Dè nì mi? Bho Cheitidh, P5
- Cha toigh leam an dol-a-mach a th' aig cuid de na caraidean agam. Tha iad air a bhith ag obair air gille a bhios a' tighinn chun a' chlub ball-coise às dèidh na sgoile. Bidh iad a' gabhail ainmean air agus a' magadh air bhon nach eil na h-aon bhòtannan aige. Tha dragh orm gun sguir iad a bhruidhinn rium ma chanas mi guth. Dè nì mi? Bho Sean, P7
- Tha mi air a bhith a' cluich Minecraft bho chionn greis; tha mi uabhasach math. Bha an cluicheadair eile seo ceart gu leòr an toiseach, chan eil mi cinnteach càit a bheil e, tha e mar charaid air-loidhne ach a-nis tha e ag ràdh rudan nach toigh leam. Ma dh' innseas mi dham mhàthair, cha thuig i, no cuiridh i stad orm bho bhith a' cluich. Dè nì mi? Bho Pòl, P6
- Bidh na h-igheanan sa chlas agam daonnan a' dol far a chèile. Tha mise rèidh ris a h-uile duine. Tha mi airson gum bi a h-uile duine rèidh? Bho Veena, P6

9. **Airson crìochnachadh**, Thoir taing airson na rinn a' chlann de dh'obair, de mheòrachadh 's de bhruidhinn sgoinneil air dàimhean. Cuir an cuimhne na cloinne gum faod iad fhèin dàimhean a thogail agus dèiligeadh ri dùbhlain sam bith a tha a' tighinn suas, ach ma tha iomagn orra aig àm sam bith mu dhàimh, sa chlas/bhuidhean no air-loidhne, gum bu chòir dhaibh bruidhinn ri inbheach (agus gum faod iad bruidhinn riutsa).

### Beachdan eile

- Faodaidh a' chlann an gèam Band Runner a chluich air làrach CEOP:  
[https://www.thinkuknow.co.uk/8\\_10/](https://www.thinkuknow.co.uk/8_10/)
- Iarr air a' chloinn dràma no dealbh-cluich ghoirid a dhèanamh mu na dùbhlain agus mu na mholadh iadsan a dhèanamh.

### Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

Dè th' ann an caraid?

A' dèanamh agus a' cumail charaidean

### Nòtaichean Tidseir